

Carson a bha call na h-iolaire cho cudromach ann an eachdraidh nan Eilean?

Ciamar a tha fios againn air sgeulachd na h-iolaire?

Cò às a bha na maraichean a bha air bòrd HMY Iolaire a' tighinn?

Carson a bha feum air dà bhàta airson na maraichean a thoirt dhachaigh?

Dè an t-ainm a bh' air a' bhàta eile a thug luchd-siubhail a Steòrnabhagh an oidhche ud?

Cuin a chaidh an iolaire às an rathad air Biastan Thuilm?

A rèir aithris, cia mheud neach-siubhail agus neach-criutha a chaidh air bòrd a' bhàta air Oidhche na Bliadhna' Ùire, 1918?

Cia mheud maraiche a chaidh a chall?

Cia mheud maraiche a thàinig beò às an tubaist?

Cò ris a bha an aimsir coltach an oidhche ud, a rèir aithris?

Carson a fhuair Iain F. MacLeod bonn airgid Lloyd, bonn a' Chomainn Dhaonndachail Rìoghail, agus bonn Maoin Gaisge Charnegie, cuide ri £50?

Ciamar as urrainn dhuinn a ràdh gum b' e Dòmhnull Moireasdan an aon duine a bha air bòrd na h-iolaire a ràinig cidhe Steòrnabhaigh?

Dè an t-ainm a th' air na sgeirean cunnartach far an deach an Iolaire fodha?

---

'S e pìos fianais, me litir no leabhar-latha, bho àm ann an eachdraidh a th' ann am bun-stòr.

---

Thoir eisimpleir de bhun-stòr fiosrachaidh a tha ag innse rudeigin dhuinn mun Iolaire.

---

Ciamar a gheibheadh tu a-mach an robh neach-dàimh dhut air bòrd na h-Iolaire air 31.12.18?

---

Carson a chaidh Breatainn gu cogadh ris a' Ghearmailt?

---

Cuin a thòisich an Cogadh Mòr?

---

Cuin a chriochnaich an Cogadh Mòr?

---

Carson a tha call na h-Iolaire ga chomharrachadh air 01 Faoilleach 2019?

---

Carson a fhuair am bàta an t-ainm HMY Iolaire nuair a b' e an Amalthea a bh'oirre mus do ghabh Ùghdarris a' Chabhlaich thairis i ann an 1915?

---

Dè am port air a' chosta an iar às an do sheòl an Iolaire?

---

Carson nach eil cinnt ann dè an dearbh àireamh de dh'fhir a bha air bòrd na h-Iolaire?

---

Dè an riosg a ghabh Commandair Masson nuair a thuirt e gun gabhadh an Iolaire 300 fear gun dragh sam bith?